



**Tìotal: Coltachd, Iomadachd agus Spèis**  
**Pàirt 3: Balaich agus nigheanan**

Ìre: A' CHIAD

**Ceanglan CFE**

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
Tha mi ag aithneachadh gu bheil sinn coltach agus aocoltach ri cach-a-chèile ach nach eil duine an aon rud ri duine eile. HWB1-47a	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Ag aithneachadh gu bheil a h-uile neach gun shamhail agus ag aithneachadh gu bheil sinn coltach agus ao-coltach ri chèile.</li> <li>• A' mìneachadh gu bheil fàs agus tighinn air adhart gach neach eadar-dhealaichte.</li> </ul>

Tha na gnìomhan air goireas nàiseanta RSHP a' toirt stiùireadh a thaobh nan Eòlasan/Builean agus na Slatan-tomhais a tha a' buntainn ri RSHP ann an Slàite is Sunnd. Faodaidh an tidsear/neach-foghlaim ceanglan a dhèanamh ri raointean curraicealaim eile. A thaobh a' gnìomh seo tha ceanglan soilleir ann ri sunnd inntinneil, faireachail, sòisealta agus corpora. Mar sin tha na h-eòlasan agus na builean iomchaidh air an comharrachadh an seo:

- Nuair tha mi a' rannsachadh nan còraichean air a bheil mi fhìn agus daoine eile airidh, 's urrainn dhomh na còraichean sin a chur an gnìomh ann an dòigh iomchaidh agus gabhail ris na dleastanasan a tha nan cois. Tha mi a' sealltainn spèis do chòraichean dhaoine eile. HWB 1-09a
- Tha mi a' tuigsinn gu bheil an co-mheasgachadh fhèin de chomasan agus de fheuman aig gach neach fa leth. Tha mi a' cuideachadh mo choimhearsnachd sgoile gu bhith a' cur luach air gach neach fa leth agus gu bhith a' cur fàilte air na h-uile. HWB 1-10a

**Amasan Ionnsachaidh**

- Gun ionnsaich clann mun deidhinn fhèin, mu na tha gan dèanamh gun shamhail agus mu bhun-bheachd iomadachd.
- Gun smaoinich clann air gnàth-iomhaighean agus air mar a tha na thathas an duil bhuaninn agus bho dhaoine eile air a chuingealachadh a rèir gnè.

**Slatan-tomhais Soirbheachaidh**

- Bidh mi a' sealltainn spèis do dhaoine eile.
- Tha mi a' tuigsinn nach bu chòir dham choltas, mo ghiùlan, no na tha mi a' miannachadh dhomh fhìn a bhith air a chuingealachadh le gnàth-iomhaighean, mo ghnè no leis na thathar a' sùileachadh a bu chòir do bhalaich no nigheanan a bhith a' dèanamh.

**Goireasan-taic**

- Slaighdean PowerPoint
- Pàipear/pinn/creidheanan airson dealbh *Nuair tha mi nam inbheach, tha mi airson...*
- Help Kids Learn about Gender with Scoop and Friends (faid 3 mionaideach) air a riochdachadh le [amaze.org](http://amaze.org) <https://youtu.be/St6t1WvbysU>

*Ma tha sibh an dùil làrach-lìn mar YouTube a chleachdadh, cuiribh a' bhidio air dòigh ro-làimh, dèanaibh cinnteach gur e am film ceart a th' ann agus leumaibh seachad air na sanasan.*

## Obair

Tha a' ghnìomh ionnsachaidh seo air a chur ri chèile mar aithris le beachdan airson ceistean agus deasbaireachd. Anns an taisbeanadh PowerPoint tha dealbhan no faclan ann a tha a' ruith a rèir na 'sgeulachd'. Tha an teacsa seo ann airson taic a thoirt dhuibh a' teagasg nam prìomh phuingean, ach cleachdaibh an teacsa mar a bhios iomchaidh dhan chlas agaibhse - is e stiùireadh a th' ann, chan e sgrìobt. Stadaibh, dèanaibh còmhradh, meòraichibh air beachdan agus air tuigse mar a tha sibh ag obrachadh troimhe. Dh'fhaodadh sibh seo a dhèanamh leis a' chlas gu lèir no còmhla ri buidheann beag.

Tha an obair seo a' leantainn teachdaireachd a tha a' ruith tro ghoireas RSHP, a' brosnachadh chloinne gu bhith mar a thogras iad fhèin mar bhalach no nighean, saor bho ghnàth-iomhaighean agus bho na tha dùil aig daoine bhuapa a rèir an gnè. Chan eil anns na thathar a' tabhann an seo ach aon leasan. Sa chlas no san t-suidheachadh agaibhse, bidh feum air barrachd cuideim air co-ionannachd. Faodaidh a' ghnìomh seo a bhith na chuideachadh leis an obair sin.

'S dòcha gu bheil pàiste agaibh sa chlas nach eil, aig an aois òg aig a bheil iad, ag iarraidh a bhith aithnichte mar bhalach no mar nighean. 'S dòcha gu bheil pàiste san t-suidheachadh agaibh nach eil a' faireachdainn gu bheil a' ghnè eòlach agus a' ghnè bhith-eòlach aca co-ionann – 's dòcha gu bheil pàrant/neach-cùraim a' phàiste air innse dhuibh mun dysphoria gnè aca. Anns na suidheachaidhean sin tha e mar dhleastanas fhathast dèanamh cinnteach gu bheil àrainn ionnsachaidh shàbhailte agus fhallain ann airson a' phàiste sin, a' toirt spèis dha na miannan acasan, aig am pàrantan/luchd-cùraim a thaobh atharrachaidhean sam bith a dh'iarraas iad a thaobh rudan mar an ainm, aodach no riochdairean a tha iad airson a chleachdadh. Ann an suidheachaidhean mar seo dh'fhaodte gum bi am pàiste a' fulang burraidheachd stèidhichte air claon-bhreith, agus ged a bhios na stuthan seo mu choltas, iomadachd agus spèis a' brosnachadh coibhneas, co-fhaireachdainn agus còraichean, cha bhi sna leasan ach pàirt de na bhios sibh a' dèanamh gus àite sàbhailte agus in-ghabhalach a chruthachadh do gach pàiste.

## Pàirt 1

**Dealbh de mhàthair agus bèibidh air ùr-bhreith: 'S urrainn do mhàthair gnè a' bhèibidh aice fhaighinn a-mach mus beirear e, no aig àm-breith nuair a chanas a' bhean-ghlùine gur e balach no nighean a th' anns a' bhèibidh.**

Nuair a tha boireannach trom, bidh sganaichean aice gus sùil a chumail air mar a tha am bèibidh a' fàs. Uaireannan iarraidh boireannach trom air an nurs no air an dotair coimhead feuch dè an gnè a th' anns a' bhèibidh. Co-dhiù a tha fios aig a' mhàthair no nach eil, nuair a thèid pàiste a bhreith thathar ag innse dhi dè an gnè a th' anns an leanabh. Ma tha pit aig an leanabh, canaidh a' bhean-ghlùine 'tha nighean agaibh'. Ma tha bod aig an leanabh, canaidh a' bhean-ghlùine 'tha balach agaibh'.

Uaireannan chan eil e soilleir a bheil pit no bod aig a' bhèibidh. Nuair a thachras seo, nì dotairean deuchainnean fala agus bheir iad sùil chùramach gus tuigse fhaighinn air mar a tha am bèibidh air fàs. Mar as trice thèid aca air innse taobh a-staigh beagan làithean an e balach no nighean a th' anns a' bhèibidh.

Dealbhan de bhalaich agus nigheanan beaga: **An-diugh bidh sinn a' bruidhinn air a bhith nar nigheanan no nar balaich**

Às dèidh a bhith air ar breith, tòisichidh daoine air ar faicinn agus air smaoineachadh oirnn mar bhalach no nighean eadhon ged nach eil fios aca a bheil pit no bod againn, stèidhichte air sanasan a leithid aodach a th' oirnn no ma tha ar falt/gruag fada no goirid.

Faighnich: *Nuair a chì sibh bèibidh 's aodach air, a bheil sanasan sam bith a dh'innseas co-dhiù as e balach no nighean a th' ann?* Tha an dealbh air an slaighd a' sealltainn na gnàth-ìomhaigh a thaobh aodach pinc/gorm – chì clann seo – èist riutha agus inns dhaibh gu bheil fiù 's dath an aodaich a-nis a' ciallachadh rud do chuid, mìnich dhaibh ged a tha cuid de dhaoine ag ràdh gu bheil gorm do bhalaich agus pinc do nigheanan gur ann an rathad eile a bha e bho chionn fada – mar sin chan eil ann ach rud a chaidh a dhèanamh suas. 'S e **gnàth-ìomhaigh** a th' ann - tha gnàth-ìomhaigh a' ciallachadh nuair a chanas sinn gu bheil, no gum bu chòir, dhan h-uile neach ann am buidheann a bhith coltach ri chèile – mar sin cha bu chòir ach balaich a bhith a' cur dath gorm orra agus cha bu chòir aodach pinc a bhith ach air nigheanan.

Cùm a' dol agus can gum bi daoine uaireannan ag ràdh: “Ò, cha bhi a' dèanamh sin ach balaich” no “Ò, cha bhi a' dèanamh sin ach nigheanan”. Faighnich: *An cuala tu riamh cuideigin ag ràdh rud mar seo? Ciamar a tha e a' toirt ort a bhith a' faireachdainn ma tha cuideigin a' feuchainn ri ràdh 'chan urrainn dhut sin a dhèanamh' oir tha thu nad nighean no bhon a tha thu nad bhalach?*

Às deidh beagan còmhraidh mìnich, an-diugh agus ann an leasanan eile, gum bi a' chlann a' leantainn air adhart leis a' chòmhradh aca gu bheil a h-uile duine sònraichte agus gun shamhail, agus an-diugh tha iad mu bhith mar a thogras iad mar nighean no mar bhalach.

## Pàirt 2

Tòisich san dòigh seo (agus broснаich còmhradh: Cluichidh sinn gèam. Tha mise a' dol a shealltainn dhealbhan dhuibh agus faodaidh sibhse innse dhomh co-dhiù a tha sibh a' smaoineachadh gur e rud a th' ann a nì balaich, nigheanan, no a nì an dà chuid balaich agus nigheanan. (Mar a tha sibh a' dol air adhart, faigh a-mach cò ris a tha e a' còrdadh a bhith a' dèanamh nan rudan seo).

### Slaighd Cò nì cèic?

Slaighd: an dà chuid balaich agus nigheanan a' bèicearachd

### Slaighd Cò chluicheas ball-coise?

Slaighd: an dà chuid nigheanan agus balaich a' cluich ball-coise

### Slaighd Cò chluicheas le Lego?

Slaighd: an dà chuid balaich agus nigheanan a' cluich le Lego

### Slaighd Cò chluicheas le teicneòlas?

Slaighd: an dà chuid balaich agus nigheanan a' cluich le teicneòlas

Airson crìochnachadh: Mar a chì thu sna dealbhan, 's urrainn nigheanan agus balaich (agus nuair a dh'fhàsas iad, fireannaich agus boireannaich) na rudan seo air fad a dhèanamh ma thogras iad.

## Pàirt 3

Tòisich san dòigh seo: A-nis, feuchaidh sinn rud eile. Smaoinichidh sinn air **mar a dh'fhaodadh tu a bhith a' faireachdainn.**

(Leanaidh còmhradh, bhiodh e math bruidhinn air co-dhiù **as urrainn** do bhalaich agus nigheanan am faireachdainnean a chur an cèill, a bheil diofar ann?)

**Slaighd Cò as urrainn a bhith toilichte – nigheanan, balaich no an dà chuid?**

Slaighd: toilichte

**Slaighd Cò as urrainn a bhith fo iomagain – nigheanan, balaich no an dà chuid?**

Slaighd: fo iomagain

*Còmhradh: ma tha thu fo iomagain, ciamar a bhios tu a' faireachdainn? Cò thuige rachadh tu nam biodh dragh ort?*

**Slaighd Cò bhios a' caoineadh – nigheanan, balaich no an dà chuid?**

Slaighd: caoineadh

**Slaighd Cò bhios diùid – nigheanan, balaich no an dà chuid?**

Slaighd: diùid

**Slaighd Cò bhios air bhioran – nigheanan, balaich no an dà chuid?**

Slaighd: air bhioran

Airson crìochnachadh: Nach eil fhios, faodaidh na faireachdainnean seo a bhith aig an dà chuid balaich agus nigheanan.

**Pàirt 4**

Tòisich mar seo: A-nis, smaoinichidh sinn air rud eile. A bheil fios agaibh gum bi inbhich cuideachd a' cluintinn gun urrainn no nach urrainn dhaibh rudan a dhèanamh? Uaireannan canaidh daoine: "Ò, 's e obair fireannaich a tha sin" no "Ò, 's e obair boireannaich a tha sin". Tha sinn a' dol a choimhead air obraichean a bhios inbhich a' dèanamh agus faodaidh sibh a ràdh co-dhiù a tha sibh a' smaoineachadh gur e obair a tha seo do dh'fhireannach, do bhoireannach no an dà chuid. (Brosnaich còmhradh, mar tha sibh a' dol air adhart, faighnich dhan chloinn an e obair a tha seo a chòrdadh riutha no an aithne dhaibh neach a tha a' dèanamh na h-obrach seo?)

**Slaighd Cò as urrainn a bhith nan tidsear?**

Slaighd: fireannaich agus boireannaich a' teagasg

**Slaighd Cò as urrainn a bhith nan dràibhear bhusaichean?**

Slaighd: dràibhear bhusaichean fhireann agus bhoireann

**Slaighd Cò as urrainn a bhith nan Oifigear Poileas?**

Slaighd: Oifigearan poilis fhireann agus bhoireann

**Slaighd: Cò as urrainn a bhith nan dannsair?**

Slaighd: dannsairean fhireann agus bhoireann

**Slaighd: Cò as urrainn a bhith nan nurs?**

Slaighd: nursaichean fhireann agus bhoireann

**Slaighd: Cò as urrainn a bhith nan neach-togail?**

Slaighd: Luchd-togail fhireann agus bhoireann

**Slaighd: Cò as urrainn a bhith nan neach-smàlaidh?**

Slaighd: Luchd-smàlaidh fhireann agus bhoireann

**Slaighd: Cò as urrainn a bhith nan einnseanair?**

Slaighd: einnseanairean fhireann agus bhoireann

Crìochnaich le: Nach eil fhios, a-rithist, faodaidh neach sam bith obair sam bith a dhèanamh, chan eil e gu diofar an e boireannach no fireannach a th' annta.

Faighnich: A bheil fios aig duine agaibh dè tha sibh ag iarraidh a dhèanamh nuair a dh'fhàsas sibh? Bruidhinn ri caraaid rid thaobh agus an uair sin thoir fios air ais dhan bhuidheann. Èist ris na beachdan aca air fad! Faigh a-mach cò as a thàinig na beachdan aca.

**Pàirt 5**

**Sa chlas seo tha sinn uile fa leth, eadar-dhealaichte, gun shamhail agus sònraichte.**

Thèid sinn thairis air na prìomh phuingean a-rithist (mar seo, mar eisimpleir):

- Dh'ionnsaich sinn gur e do **ghnè** an rud a chaidh innse dha do phàrantan nuair a rugadh tu – gur e **balach no nighean** a bh' annad.
- 'S dòcha gum bi daoine a' smaoinichadh gun aithne dhaibh do ghnè air sgàth shanasan leithid an aodaich a th' ort, no do ghiùlan, no na rudan a tha e a' còrdadh leat a bhith a' dèanamh. Ach chan eil na rudan seo ach ag innse dhaibh na tha a' còrdadh leat a bhith a' cur ort agus a' dèanamh, chan eil iad ag innse co-dhiù an e nighean no balach a th' annad.
- Ann an Alba bidh sinn ag ràdh nach bu chòir dha do ghnè diofar a dhèanamh a thaobh aodach, mar a tha sinn a' faireachdainn, na h-obraichean a bhios sinn a' dèanamh agus na cur-seachadan as toigh leinn: mar nigheanan agus balaich, mar boireannaich agus fireannaich tha sinn co-ionann. Ach uaireannan canaidh daoine riut fhathast "Ò cha bu chòir do bhalach sin a dhèanamh" no "Ò chan urrainn do nighean sin a dhèanamh". Ach 's urrainn.
- Tha e ceart gu leòr a bhith mar a thogras tu fhèin. Tha thu nad neach gun shamhail, tha fios agad cò thu. 'S urrainn dhut a bhith mar a thogras tu fhèin nad nighean no nad bhalach.
- Feumaidh sinn daonnan a bhith còir agus cuideachail ri gach nighean is balach.

Coimhead a' bhidio: *Help Kids Learn about Gender with Scoop and Friends* (faid 3 mion.) le [amaze.org](http://amaze.org) <https://youtu.be/St6t1WvbysU> Tha e a' dol thairis air mòran de na puingeann a bh' againn thuige seo.

### **Pàirt 6: Obair aon neach**

Tòisich mar seo: Nì sinn dealbh – A bheil beachd agaibh uile dè tha sibh ag iarraidh a dhèanamh nuair a dh'fhàsas sibh? Nì sinn gaileiridh de na h-obraichean a tha sinn airson a dhèanamh nuair a tha sinn nar n-inbhich. Fhad 's a tha a' chlann a' dèanamh nan dealbhan aca, gheibh sibh cothrom measadh a dhèanamh air tuigse na cloinne no ceistean a fhreagairt.

### **Stuthan:**

Do luchd-obrach agus pàrantan 'Redraw the Balance' <https://www.inspiringthefuture.org/redraw-the-balance/> Coimheadaibh am film, agus 's dòcha gum bi e freagarrach dhan chloinn cuideachd. Iarr air proifeiseantaich tadhal airson 's gum faic a' chlann nach eil gnàth-ìomhaighean gnè daonnan ceart – oifigeir poileas boireann, nurs fireann msaa

### **Ceangal ris an dachaigh**

*'S dòcha gum bi an teacsa seo feumail airson ionnsachadh a cheangal ris an dachaigh:*

Tha sinn a' leantainn oirnn leis a' chuspair coltas, iomadachd agus spèis. Tha sinn ag ionnsachadh gum faod clann a bhith mar a thogras iad fhèin mar nighean no balach. San sgoil/ionad againn tha sinn a' brosnachadh na cloinne gu bhith a' gabhail pàirt sa h-uile gnìomh, agus gun a bhith a' smaoinichadh air rudan mar gur ann do nigheanan a tha iad agus rudan eile do bhalach. Tha sinn airson gun ionnsaich a' chlann spèis do na h-uile agus gum bi rùintean agus miannan aca nach eil air an cuingealachadh le bhith fireann no boireann. Tha sin a' ciallachadh gum bi na h-aon chothroman aig boireannaich 's fireannaich an obair a thogras iad a dhèanamh. Bhiodh e math nam b' urrainn dhuibh taic a thoirt don ionnsachadh seo aig an taigh le bhith a' brosnachadh na cloinne gus faicinn gum bi na h-aon fhaireachdainnean aig balaich, nigheanan, fireannaich agus boireannaich, agus gun urrainn dhaibh na h-aon rudan a dhèanamh. Is e ar teachdaireachd gu bheil sinn uile sònraichte agus gun shamhail, agus gum bu chòir cead a bhith againn a

bhith mar a thogras sinn! Seo cuid de na leabhraichean sgoinneil a bhios san leabharlann, agus annta sin tha sgrùdadh air gnàth-ìomhaighean agus brosnachadh air tuigse mu eadar-dhealachadh/iomadachd:

- Cho tapaidh 's a tha siud! le Anne Fine
- Are you a boy or are you a girl? le Sarah Savage
- Jacob's new Dress le Sarah Hoffman agus Ian Hoffman
- Red, a Crayon's Story le Michael Hall
- The Princess Knight le Cornelia Funke

**Tha goireasan RSHP eile air a' chuspair Coltas, iomadachd agus spèis rim faighinn**

- *Pàirt 1:* Tha mise gun shamhail: M' fhèin-phortraid
- *Pàirt 2:* Tha sinn coltach agus ao-coltach
- *Pàirt 4:* Ciorramachd
- *Pàirt 5:* Eile-sheòrsach, Leasbach, Gèidh agus Dà-sheòrsach

**Notaichean tidseir**

